

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB | LIFE ANDWORK

AIREAMH 6 | 2015 | AN T-OG-MHIOS

## Facal Toisich

Nuair a bha mi ag ullachadh nan *Duilleag* airson an Og-mhìos bha naidheachdan a' sgaoileadh mun chrith-thalmhainn a rinn sgrios cho uamhasach ann an Nepal. An-diugh mar thoradh air teicneòlas de gach seòrsa tha an saoghal air fàs beag, mar a chanas sinn. Ann am priobadh na sùla chì sinn na tha a' tachairt air taobh thall an t-saoghail dìreach mar a tha iad a' tachairt. Le fònaichean làimhe bha e comasach do fheadhainn à Breatann a bha air chuairt ann an Nepal fios a chur gun càirdean a leigeil fhaicinn gu robh iad sàbhailte.

'S e saoghal neònach anns a bheil sinn beò. Bha daoine ann an Nepal anns na ceàrnaidhean air an do bhuail a' chrith-thalmhainn ag obair len làmhnan airson a bhith a' cladhach am measg an sprùillich a' fiachainn ri feadhainn a bha air an tìodhlacadh fon dusd agus fo na clachan a shàbhaladh. Anns a' mhionaid thàinig cobhair à dùthchannan eile mun cuairt agus à dùthchannan a tha astar mòr air falbh. Chaidh airgead a thogail airson cuideachadh leis na mìltean a bha air an dachaighean a chall.

Agus fhad 's a bha an obair Chrìosdail seo a' dol air adhart airson beatha dhaoine a shàbhaladh agus fasgadh a thoirt don fheadhainn a bha gun dachaigh, bha obair olc mhilleach a' dol air adhart ann an iomadh dùthaich eile. Ann an ainm creideamh Islam, mas fhìor, tha daoine neochiontach air am mort gu brùideil, na mìltean de Chrìosdaidhean air an ruagadh om bailtean agus air an cur gu bàs. Ann an Nepal bha daoine a' cur luach air beatha a h-uile duine a bha ann an cunnart. Ann an àiteachan eile tha daoine an-ìochdmhor eucorach a' dèanamh dìmeas air a' bheatha a chruthaich Dia.

Bidh sinn a' faireachadh cho anfhann nuair a chluinneas sinn mu thubaistean uamhasach a tha a' tachairt ann an tìrean thall thairis. Chan urrainn dhuinne a dhol ann airson na daoine bochda a chuideachadh. Ach thèid againn air cuideachadh airgid a thoirt seachad, air cho beag agus gum bi e, do bhuidhnean carthannais a tha ag obair cho dìcheallach anns na h-àiteachan sin. Agus faodaidh sinn uile a bhith a' cuimhneachadh air na suidheachaidhean duilich sin nar n-ùrnaighean a h-uile latha.

**Le deagh dhùrachd dhuibh uile,  
Ruairidh MacLeòid.**



**Thog Linda Gowans an dealbh seo nuair a bha i a' fàgail an Tairbeirt anns an Dàmhair 2014. Chì sibh eaglais an Tairbeirt anns an dealbh. An dèidh a bhith bàn o 2015 tha an t-Urr. Iain Murchadh Dòmhnallach air gairm fhaighinn on choitheanal. Bha Mgr. Dòmhnallach 'na mhinistear ann an Nis on 2001.**

## Cùil nan Ceist

Anns a' Ghiblean bhuail crith-thalmhainn eagalach dùthaich Nepal. Anns a' Bhìoball tha iomradh againn air critheannan-talmhainn. Sin an cuspair a tha againn air a' mhìos seo. Gheibh sibh freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Cò a chuala crith-thalmhainn agus e air an t-sliabh? (1 Rìgh, caibideil 19.)
2. Lìon a' bheàrn – “Smachdaichear thu le Tighearna nan sluagh, le \_\_\_\_\_, agus le crith-thalmhainn.” (Isaiah, caibideil 29.)
3. Cò a thubhairt nuair a chunnaic iad a' chrith-thalmhainn aig àm bàs losa, “Gu fìrinneach b'è seo Mac Dhè”? (Mata, caibideil 27.)
4. Cuin a thàinig a' chrith-thalmhainn nuair a bha Pòl agus Silas anns a' phrìosan? (Gnìomharan, caibideil 16.)

# Stòiridhean – 5

Tha an stòiridh seo mu dhèidhinn gille beag air an robh trioblaid chridhe. *A-màireach anns a' mhadainn fosglaidh mi an-àirde do chridhe*, thubhairt an lannsair ris a' ghille a bha ochd bliadhna de dh'aois.

*Lorgaidh tu losa an sin*, thubhairt an gille.

Chùm an lannsair air, *Fosglaidh mi an-àirde do chridhe agus chì mi dè mar a tha cùisean*.

*Lorgaidh tu losa*, ars an gille a-rithist.

*Nuair a chì mi dè mar a tha cùisean dùnaidh mi thu a-àirde air ais agus smaoinichidh sinn air an ath cheum*, ars an lannsair.

*Lorgaidh tu losa 'nam chridhe oir dh'innis tidsear na sgoil Shàbaid sin dhomh. Tha i ag ràdh gu bheil e ag ràdh sin anns a' Bhioball, Agus tha na h-òrain a tha sinn a' seinn anns an sgoil Shàbaid ag innse sin cuideachd*, ars an gille.

Chaidh e fo obair lannsair an ath latha agus as a dhèidh bha an lannsair a' sgrìobhadh sìos nan rudan a lorg e. 'Na bheachd cha robh dòchas no leigheas ann don ghille beag. Bha e den bheachd nach biodh e beò ro-fhada.

Bha an smuain seo a' dèanamh dragh don dotair agus dh'èigh e ri Dia. *Carson a rinn Thu seo air a' ghille? Carson nach b'urrainn beatha a bhith aige mar ghillean beaga eile?*

Bhruidhinn Dia ri a chridhe mar seo, *Tha an gille beag seo mar phàirt dem threud agus bidh an còmhnaidh. Nuair a bhios e còmhla riumsa cha bhì fulangas no cràdh air tuilleadh. Aon latha bidh a phàrantan agus thusa maille ris mar phàirt dem threud cuideachd.*

An ath latha chaidh an lannsair gu rùm a' ghille bhig agus shuidh e sìos còmhla ri a phàrantan ri taobh na leapa. Dh'fhosgail an gille a shùilean agus dh'fhaighnich e ann an guth socair, *Dè a lorg thu 'nam chridhe?*

Le deòir 'na chridhe fhreagair e, *Lorg mi losa an sin.*

Ann an leabhar Mhata tha sinn a' leughadh, *A beul naoidhean agus chiochran choilean thu moladh.*

# Eaglais Barlanark Greyfriars



Air dhomh a bhith a' teagasg ann an Garrowhill, sgìr taobh an ear-dheas Ghlaschu, nach eil fada air falbh bho Barlanark, tha eòlas agam air an àite. B'abhast gu robh bochdainn am measg an t-sluaigh agus gu dearbha bha am ministear air a chumail trang. Tha an t-ainm Barlanark a' tighinn bhon Chuimris agus tha barr a' ciallachadh *mullach*, agus Lanark bho *llanerc*, *àite soilleir, fosgailte*. Ann an 1954 thòisich eadh air eaglais a thogail.

Tha Barlanark air ainmeachadh cho fada air ais ri 1116 nuair a bha e am measg nan àiteachan air an robh sealbh aig St. Mungo. Bha dachaigh aig an Easbaig ann am Provan Hall agus thug iad an t-ainm *Provand's Lordship* air agus an-diugh 's e an t-àite còmhnaidh as sine ann an Glaschu.

Bha Barlanark agus Greyfriars air tighinn còmhla ach bha an togalach a' sìor chur thairis, agus ann an 1970 chaidh eaglais ùr fhosgladh.

Tha an coitheanal an-diugh a' sireadh ministear.

**Tormod Dòmhnallach**  
**(Tobar na Màthar)**

# Leabhraichean

Tha an leabhar seo ag innse mar a dh'fhàs Port Rìgh anns an Eilean Sgitheanach o bhith 'na chlachan beag gu bhith 'na bhaile sònraichte mar a tha againn an-diugh, le eaglaisean, bùithean, taighean-òsda, agus togalaichean eile.

A rèir aithris fhuair am baile an t-ainm nuair a thadhail Rìgh Seumas a Còig an seo ann an 1540. Ach tha mòran sgoilearan, 'nam measg Uilleam MacBhàtair, a bha cho fiosrach mu ainmean àiteachan, teagmhach mun mhìneachadh seo. Tha ùghdar an leabhair seo a' gabhail ris a' bheachd gur e *Port Ruighe*, a bu chòir a bhith air a' bhaile – “am port air an leathad”.

Tha Ella Liley a' leantainn eachdraidh a' bhaile o ghinealach gu ginealach, le togalaichean ùra gan cur an-àird mar a bha Port Rìgh a' fàs. Thogadh a' cheud eaglais ann an 1730 nuair a fhuair an ceàrn seo inbhe sgìre. Chìthear chun an latha an-diugh an togalach far an

**Portree**

**Origins and Early History**

**Ella Liley**

**(air fhoillseachadh le The Islands Book Trust. £8.99)**

robh a' cheud eaglais. Tha iomradh againn air Murchadh MacLeòid, An Dotair Bàn, an duine adhartach sin a dh'fhàg cuimhneachain às a dhèidh ann an Uibhist agus ann an Eilean a Cheò.

Tha an t-ùghdar ag aideachadh nach do dh'fhuasgail i a h-uile ceist mu eachdraidh a' bhaile agus tha i mar gum biodh i a' lorg tuilleadh fiosrachaidh on luchd-leughaidh. Mar sin chan eil fios nach faic sinn ri tìde deasachadh ùr den leabhar seo, a tha mar-tha cho làn fiosrachaidh, agus barrachd eachdraidh mu dhaoine agus mu thogalaichean. Leabhar beag feumail.

Tha a sgeulachd fhèin aig a' phrìomh bhaile anns a h-uile eilean – Tobar Mhoire, An Tairbeart, Bàgh a' Chaisteil agus eile – agus bhiodh e buannachdail nam biodh leabhraichean coltach ris an leabhar seo againn a tha ag innse mar a dh'fhàs na bailtean sin.

# Searmon Beag

*Tha e crìochnaichte* – Eòin 19:30

Annas a' chladh as fhaisge oirnn chan eil ach aon chlach-uaighe air a bheil sgrìobhadh ann an Greugais. Chan eil ann ach aon fhacal - *tetelestai*. Tha am facal sin air a thoirt à soisgeul Eòin. Trì faclan ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Aon fhacal annas a' Ghreugais – ach abair facal. *Tha e crìochnaichte*.

Dh'fhaodadh am facal seo aig Iosa air a' chrann-cheusaidh a bhith air a mhìneachadh ann am barrachd air aon dòigh.

*Tha e crìochnaichte*. Dh'fhaodadh daoine a bhith a' smaoinichadh gur e a bha sin aideachadh gu robh a h-uile nì cailte, gun deachaidh an cogadh a chall, gu robh a h-uile nì air tighinn gu ceann.

Nuair a tha gnìomhachas air choireigin, a tha air a bhith a' dol fad iomadh bliadhna, a' dùnadh, 's e latha dorcha eudòchasach a tha ann don luchd-obrach.

Ann an 1980 bha mi ann an Grianais nuair a chaidh bàt' - aiseig ùr a chur air bhog. Bhiodh am bàt a' seòladh eadar Uibhist a Tuath agus Beàrnaraigh na Hearadh. 'Se latha mòr a bha ann do mhuinntir nan eilean. 'S e tòiseachadh ùr a bha ann an do dh'eilean Bheàrnaraigh. Bhiodh e mòran na b'fhasa agus na bu chofhurtaile do luchd-siubhail a-nis a bhith a' gluasad o eilean gu eilean. Bhiodh carbadan air an giùlan gu sàbhailte eadar an dà eilean.

Ach ann an dòigh 's e deireadh an rathaid a bha anns an latha sin cuideachd.

Bha an gàrradh-iarainn sin ann an Grianais air a bhith a' ruith fad corr is ceud bliadhna. Ach 's e aiseag Bheàrnaraigh am bàt mu dheireadh a thog iad oir mun do chrìochnaich iad an ath bhàta bha an companaidh air bristeadh. *Tha e crìochnaichte*.

Ach ma sheasas sinn aig bonn a' chrainn-cheusaidh agus ma dh'èisdeas sinn a-rithist ris an fhacal sin on chrann, *Tha e crìochnaichte*, tuigidh sinn gur e a tha seo glaoth na buadha.

Bha an obair air a choileanadh. Bha doras na slàinte air fhosgladh. Tha e coltach gu bheil am facal Greugach *tetelestai* a' ciallachadh "pàidhte gu h-iomlan."

Nuair a bha Iosa a' cur 'aghaidh air a' chrann-cheusaidh thubhairt E, *Chrìochnaich mi an obair a thug Thu dhomh ri dhèanamh*. Bhiodh diadhairean o shean a' bruidheann air *obair chrìochnaichte Chrìosd*.

Cho tric cha tèid againne air crìoch a chur air gnìomh a ghabh sinn os làimh. Bha an obair na bu duilghe na bha sinn an dùil. Cha robh ùine againn airson an obair a chrìochnachadh. Ach 's e an èigh a chluinneas sinn on chrann, *Tha e crìochnaichte!* Tha slighe na slàinte air a fosgladh. Tha obair na saorsa air a crìochnachadh. Tha an doras na beatha shìorraidh air fhosgladh. Chan eil air iarraidh oirne ach ceum a ghabhail a-steach tron doras tre chreideamh.

## Eaglais Chaluim Chille

Bha Clèir Ghlachu airson Eaglais Chaluim Chille a dhùnadh a chionn gu bheil an togalach feumach air mòran airgid a chosg air. Rinn an coitheanal tagradh an aghadh binn na Clèir. Thug iad an tagradh aca gu buidheann ùr aig an Eaglais a tha ag èisdeachd ri tagraidhean den t-seòrsa seo. Gu dearbh, b'e seo a' cheud chùis a bha air beulaibh a' phannail ùir seo. Ghabhadh gu h-aon-ghuthach ri beachdan a' choitheanail.

Air feadh na dùthcha tha daoine aig a bheil ceangal air choireigin ri eaglais Chaluim Chille. Tha sinn an dòchas gum bi iad fialaidh ann a bhith a' cuideachadh leis na h-oidhirpean dìcheallach a tha an coitheanal a' cumail air adhart ann a bhith a' dèanamh obair chàraidh air an eaglais seo aig a bheil àite cho sònraichte ann an eachdraidh nan Gàidheal ann an Glaschu. Seo an t-aon choitheanal ann an Glaschu aig a bheil seirbheis Ghàidhlig a h-uile Sàbaid.

## Gàidhlig Shìmplidh



Ceann-teagaisg airson a' mhìos seo: "Cuidich leam, a Thighearna." Sin mar a tha an darna salm deug a' tòiseachadh. (Salm 12:1.) 'S e

ùrnaigh shìmplidh a tha seo. Chan eil innte ach ceithir faclan. Tha an ùrnaigh seo aig Daibhidh ann an co-dhiùbh seachd de na sailm. Bha e a' cur luach air a' chuideachadh a bha daoine eile a' toirt dha. Ach bha feum sònraichte aige air cuideachadh o Dhia. Bha e a' cur feum air cuideachadh Dhè nuair a bha naimhdean 'na aghaidh. Bha e a' cur feum air cuideachadh nuair a bha a bha an rathad air thoiseach air dorcha. Bha e a' cur feum air cuideachadh nuair a bha e a' peacachadh. Bha e a' creidsinn ann an gràs agus tròcair Dhè.



Chuala mi a' chuthag am bliadhna anns an darna seachdain den Ghiblean. Bha blàths agus grian ann aig an àm sin. Nuair

a chluinneas sinn a' chuthag bidh sinn a' smaoinichadh nach eil an samhradh fada air falbh. Ach thàinig fuachd agus sneachd anns an darna leth den Ghiblean. Bha mullach nam beann geal. Cha chuala sinn fuaim na cuthaig. Ach tha dòchas againn gun till i fhathast, agus gun till am blàths agus a' ghrian. Anns na h-eileanan bhithinn a' faicinn na cuthaig a h-uile bliadhna. Ach ann an Earra Ghàidheal, far a bheil craobhan agus coilltean, cluinnidh sinn a' chuthag ach chan fhaic sinn i.



Seanfhacal airson a' mhìos seo: "Feumaidh na fithich fhèin a bhith beò." (The ravens themselves must live.)

Tha daoine ann nach eil measail air na fithich. Coltach ris na feannagan, tha iad cho dorcha agus cho dubh a' coimhead. Cha bhi iad gam beathachadh mar a bhios iad a' beathachadh a' ghealbhan no an lòn-dubh. Ach tha 'àite fhèin aig gach beathach, aig gach eun, ann an cruthachadh Dhè. Tha còir againn biadh a thoirt do na fithich mar a bheir sinn do dh'èoin eile. Thug na fithich biadh gu Elish nuair a bha esan acrach. Thubhairt Iosa gu bheil rudan ann a theagaisgeas na fithich dhuinn mu chùram Dhè. Chì sinn sin ann an Lùcas 12:2.



Am bi sibh ag èisdeachd ris an radio? Bidh mise ag èisdeachd ri mòran de na prògraman aig Ràdio

nan Gàidheal. Faodaidh tu obair eile a dhèanamh nuair a tha thu ag èisdeachd ris an ràdio. Tha thu air do cheangal ma tha thu a' coimhead prògraman telebhisein. Gheibh luchd-ionnsachaidh cuideachadh le bhith ag èisdeachd ri prògraman Gàidhlig. Tha prògraman prìseil air an craobh-sgaoileadh mu na Gàidheal anns a' Cheud Chogadh. Tha beathachadh spioradail anns na prògraman cuideachd, nuair a dh'èisdeas sinn ri *Smuain na Maidne* agus ris na seirbheisean Gàidhlig, seann seirbheisean agus seirbheisean ùra.

# AM FEAR-DEASACHAIDH

Seo seòladh Fear-deasachaidh nan Duilleag: Ruairidh MacLeòid, Creag nam Bàirneach, An Fhuirneis, Inbhir Aora, Earra Ghaidheal PA32 8XU. Fòn: 01499500 629 Post-dealain: mail@revroddy.co.uk

## Thall 's a-Bhos

### EAGLAIS PHORT NA H-ABHAINNE

Bha sinn toilichte a leughadh gu bheil obair leasachaidh ga dèanamh air eaglais Phort na h-Abhainne ann an Ile. Seo tè de na h-eaglaisean "Pàrlamaid" a chaidh a dhealbhadh le Tòmas Telford. Tha cuid de dh'eaglaisean Telford air an do rinneadh atharrachadh no nach eil air an cleachdadh an-diugh mar thaisbean-adhraidh. Chaidh feadhainn dhiùbh a leagail agus eaglais ùr a thogail air an làraich, mar a thachair ann an Ceann Loch Gilb. Ach tha eaglais Phort na h-Abhainne mar a bha i nuair a chaidh a togail ann an 1828. Thèid againn air a bhith 'nan "càirdean" do dh'eaglais Phort na h-Abhainne airson cuideachadh leis an obair leasachaidh.

### RANN

*Chan urrainn mi gun chuimhneachadh,  
Fhad 's as bèò mi,  
Air a' chiobair dhileas,  
Gum b'è MacLeòid e,  
Tha nis 'na chadal suainte,  
'Na laighe air a chluasaig,  
'S bhreacan glas mun cuairt air,  
'S nach gluais e gu'r seòladh.*

'S e "an ciobair" air a bheil am bàrd a' dèanamh luaidh an t-Oll. Urr. Tormod MacLeòid, "Caraid nan Gàidheal," a bha 'na mhinistear ann an eaglais Chaluim Chille ann an Glaschu. Chaochail an searmonaiche ainmeil sin ann an 1862. B'è am bàrd lain MacAonghais, a bhuineadh do dh'eilean Lios Mòr. Tha an rann seo ann an leabhar bàrdachd a dh'fhoillsich MacAonghais ann an 1875, agus a chosg tasdan ri cheannach aig an àm. Bha e bliadhnachan mòra ag obair mar ghobha ann an Glaschu, far am biodh e eòlach air Tormod MacLeòid.



Bha am Proifeasair Iain Mac an t-Saoir (1916-2005) 'na Mhoderàtor air an Ard-sheanadh ann an 1982. Bho e tric a' tadhal air a' Ghàidhealtachd. Nuair a chrìochnaich e cùrsa na ministrealachd aig àm a' Chogaidh bha e beagan bhliadhnachan a' cuideachadh ann an sgrì Ghleann Urchaidh ann an Earra Ghàidheal. 'S e seirbheis Chomanachaidh aig an robh e air Ghàidhealtachd aon de na rudan a ghluais e gu leabhar a sgrìobhadh air gràdh Dhè. Thàinig an leabhar sin a-mach ann an 1962.

### FUASGLADH NAN CEIST

Seo dhuibh freagairt nan ceist a chuir sinn oirbh mu crìtheannan-talmhainn a thachair ann an làithean a' Bhìobaill. 1. Eilias. 2. — tàirneanaich -- 3. An ceannard-ceud agus na bha còmhla ris. 4. Mu mheadhan-oidhche. Tha iomradh againn air crìtheannan-talmhainn ann an grunn àiteachan ann an Leabhar an Taisbeanaidh.

### AN T-ARD-SHEANADH

Air an ath mhìos bidh sinn a' toirt cunntais air Ard-sheanadh na bliadhna seo. Bidh sinn a' dèanamh luaidh gu sònraichte air seirbheis Ghàidhlig an Ard-sheanaidh. Bha an t-Oll. Urr. Aonghas Moireasdan air ceann na seirbheis. Cha robh Moderàtor againn o 1969 a bha fileanta anns a' Ghàidhlig agus a bha comasach air searmonachadh ann an Gàidhlig aig seirbheis an Ard-sheanaidh. B'esan an t-Oll. Urr. Tòmas M. MacCalmain, a bha aig an àm sin 'na Fhear-deasachaidh air *Na Duilleagan Gàidhlig*.

### ADHBHAR GAIRE

Bha ministear ann an Earra Ghàidheal (chan e Fear-deasachaidh nan *Duilleag*) gu bhith greis air falbh on taigh agus dh'fhaighnich e don pholasman an cumadh e sùil air a' mhansa nam biodh e a' dol seachad. A' cheud oidhche bha am polasman air an rathad. Stad e aig a' mhansa agus thug e an aire gu robh am ministear air an doras-cùil fhàgail gun ghlasadh. Chaidh am polasman far an robh fear de na h-eildearan agus dh'iarr e air a dhol a-steach còmhla ris. "Tha mi a' smaoinneachadh gu bheil a h-uile cùis ceart, ach trobhadh ach am faic thu an rùm seo." Dh'fhosgail e an seòmair-leughaidh far an robh leabhraichean agus pàipearan sgaoilte an siud is an seo air an ùrlar. Thug an t-eildear sùil a-steach. "Och", ars san, "tha e an còmhnaidh a' coimhead mar sin."

## Urnaigh

A Dhè shìorraidh,  
tha Thusa ri ar taobh  
ri fuachd a' gheamhraidh  
agus ri teas an t-samhraidh.  
Beannaich na h-uile a tha ar làithean saora  
ach am bi iad air an ùrachadh  
ann an corp agus ann an inntinn.  
Beannaich na sgoilearan-  
agus an luchd-teagaisg  
a bhios a' faighinn  
saor-làithean an t-samhraidh.  
Gum biodh do sholas againn uile.  
Seo tha sinn ag iarraidh  
tre Chrìosd ar Slànaighear.

Amen

An dealbh air an aghaidh:  
Ann an 1979 bha am Fear-deasachaidh aig seirbheis Ghàidhlig ann an Ceap Breatainn mar chuimhneachan air Eòin MacFhionghain a thòisich a' cheud phàipear-naidheachd Ghàidhlig. Bha MacFhionghain 'na eildear anns an eaglais agus dh'eadar-theangaich e laoidhean gu Gàidhlig. Chumadh an t-seirbheis anns a' chladh far a bheil e air a thìodhlacadh.